

CAR A' MHUILTEIN

Radio nan Gàidheal

Dihaoine 1135 - 1145

Earrach 2007

| | |
|----------------------------|---------------|
| Mucan Beaga, Beaga | 12 Faoilleach |
| Gus an Tig a' Chaora Dhubh | 19 Faoilleach |
| An Sneachda | 26 Faoilleach |
| Air an Luing Èireannaich | 02 Gearran |
| Tunnag Bhàn Mòir | 09 Gearran |
| Gog ì, Gog à | 16 Gearran |
| Aon, Dhà, Trì | 23 Gearran |
| Annabella | 02 Màrt |
| An Taigh a Thogadh le Seoc | 09 Màrt |
| Ron Dìle | 16 Màrt |

Chaidh na prògraman a sgrìobhadh le Màiri Kidd, Gilleasbuig Fearghasdan agus Anna NicArtair agus chaidh na notaichean a sgrìobhadh le Gilleasbuig Fearghasdan.

Car a' Mhuilein

Tha gach prògram san t-sreath ùir seo stèidhte air rann bhon leabhar *Air do Bhonnagan a Ghaoil*, le Tormod Caimbeul. Tha na rannan seo, agus sgeulachdan a tha ag èirigh asta, gan cleachdadh le ceòl aighearach, beòthail gus a' chlann a bhrosnachadh gu bhith a' gluasad am bodhaigean ann an dòighean eadar-dhealaichte.

Amas na sreatha.

Tha Car a' Mhuilein a' toirt chothroman don chloinn a bhith:

- a' gluasad am bodhaigean gu mothachail
- ag ionnsachadh abairtean agus faclan co-cheangailte ri gluasad
- a' fàs nas mothachaile air am bodhaigean fhèin
- a' toirt a chreidsinn gur e beathaichean/caractaran a th' annta
- ag èisteachd ri stiùiridhean agus a' cleachdadh am mac-meanmna agus buille a' chiùil gus na stiùiridhean a leantainn
- ag obair còmhla mar bhuidheann gus stiùiridhean a leantainn, nuair a dh'fheumas iad
- a' dèanamh eacarsaich fheumail ann an suidheachadh gu math spòrsail, suigeartach

Cuspairean

Tha an t-sreath air a roinn ann an còig aonadan le gach fear stèidhte air cuspair sònraichte:

Aonad 1 - Beathaichean

1. Mucan Beaga, Beaga
2. Gus an Tig a' Chaora Dhubh

Aonad 2 – Sìde agus Siubhal

1. An Sneachda
2. Air an Luìng Èireannaich

Aonad 3 - Itean

1. Tunnag Bhàn Mòir
2. Gog ì, Gog à

Aonad 4 – Mi fhèin agus daoine eile

1. Aon, dhà, trì
2. Annabella

Aonad 5 – Dachaighean

1. An Taigh a Thogadh le Seoc
2. Ron Dìle

Prògram 1. Mucan Beaga, Beaga - 12 Faoilleach

An Rann

Mucan Beaga, Beaga
 Mucan beaga, beaga, beaga,
 Mucan beaga, beaga bàn,
 Mucan beaga, beaga, beaga,
 Mucan beaga 'n taigh Sheoc Bhàin,

Tha mi 'n dùil gu faigh mi h-aon dhiubh,
 Tha mi 'n dùil gu faigh mi dhà,
 Tha mi 'n dùil gu faigh mi h-aon dhiubh,
 De na mucan 'n taigh Sheoc Bhàin

Mucan beaga, beaga, beaga,
 Mucan beaga, beaga bàn,
 Mucan beaga, beaga, beaga,

Mucan beaga 'n taigh Sheoc Bhàin,

Chunna mise ruith 's a' leum iad,
Ruith 's a' leum am measg a' chàil –
Bhris iad cachaileith* a' ghàrraidh,
'S rinn iad milleadh rud no dhà.

Mucan beaga, beaga, beaga,
Mucan beaga, beaga bàn,
Mucan beaga, beaga, beaga,
Mucan beaga 'n taigh Sheoc Bhàin

(*tha faclan nach eil cho cumanta agus a dh'fheumas an tidsear, ma dh'fhaoidte, a mhìneachadh dhan chloinn air an comharrachadh le clò trom. Tha cuid dhiubh air am mìneachadh anns na prògraman cuideachd.)

Stòiridh

Bidh na mucan beaga aig Seoc ag èirigh tràth a h-uile latha gus cuideachadh leis an obair-taighe. Chan eil iad cho modhail a-muigh ge-tà.

Cainnt nan Gluasadan (tha seo ann an òrdugh agus dìreach mar a bhios a' chlann ga chluinntinn anns na prògraman)

- Coisich mun cuairt agus lean a' mhuc a th' air do bheulaibh
- Bidh thu a' lùbadh timcheall, a-null 's a-nall
- Leum suas is sìos air an spot
- Laigh sìos
- Tha an t-àm agad èirigh!
- Air do chasan
- Bidh thu a' ruith agus a' leum dhan chidsin
- Feumaidh tu a h-uile càil a chur mun cuairt le spàin
- Dèan cearcaill mhòra leis an spàin
- Faigh grèim air a' hùbhar
- Coisich suas is sìos leis a' hùbhar
- Ruith agus leum
- Stamp do chasan mas fhìor gu bheil thu a' briseadh rudeigin
- Faigh àite dhut fhèin agus laigh sìos gu socair

Obair Leudachaidh (*beachdan eile airson toirt air a' chloinn a bhith a' gluasad agus a bhith a' cleachdadh am mac-meanmna.*)

Dè an obair eile a bhios na mucan a' dèanamh a-staigh? An urrainn dhan chloinn diofar obraichean a shealltainn le bhith a' dèanamh nan gluasadan?

Dè na h-obraichean a bhios na mucan a' dèanamh a-muigh, saoil? An urrainn dhan chloinn na gluasadan sin a dhèanamh? Dh'fhaodadh iad stòiridh a sgrìobhadh mu mhucan Sheoc Bhàin.

Ciamar a bhios na mucan a' càradh cachaileith a' ghàrraidh? Feumaidh iad a togail agus a cur air ais air a' phost cuideachd. A bheil i a' fosgladh agus a' dùnadh ceart? Iarr air a' chloinn na gluasadan a dhèanamh.

Prògram 2. Gus an Tig a' Chaora Dhubh

An Rann

Gus an Tig a' Chaora Dhubh
Cha tig an latha thèid mi dhachaigh
Gus an tig a' chaora,
Cha tig an latha thèid mi dhachaigh
Gus an tig a' chaora:
Cha tig an latha thèid mi dhachaigh
Gus an tig a' chaora,
Gus an tig a' chaora dhubh
'S a h-adharc às a h-aonais.

Suidhidh mi air cùl a' chreagain
'S teannaidh mi ri caoineadh,
Suidhidh mi air cùl a' chreagain
'S teannaidh mi ri caoineadh
Gus an tig a' chaora dhubh
'S a h-adharc às a h-aonais.

An stòiridh

Tha a' chaora dhubh aig Alasdair gu math dèidheil air coiseachd, ach aon latha tha i a' falbh air sgrìob mhòr 's chan eil fhios aice ciamar a gheibh i dhachaigh.

Cainnt nan Gluasadan

- Coisich mun cuairt le ceumannan beaga bìodach
- Gabh ceumannan mòra fada
- (leum i thairis air an fheansa)
- Leum tarsainn air an abhainn bho chloich gu cloich
- A' leum – a' lùbadh do ghluinean 's a' leum 's a' leum
- Bidh thu a' dol a-null air an drochaid
- Coisich gu faiceallach le ceumannan beaga
- Cùm do làmhan a-mach air gach taobh dhìot
- Dèan iolair an-dràsta, a' cur nan caran anns na speuran
- Cuir a-mach do làmhan mar sgiathan a-mach gu fada air gach taobh dhìot agus gluais ris a' cheòl

Obair Leudachaidh

Dè na rudan eile ris am bi sinn a' coinneachadh nuair a tha sinn a-muigh air chuairt? Ciamar a bhios daoine a' gluasad nuair a tha iad a' coiseachd air deigh, no suas beinn chas, no thairis air talamh gu math bog.

Iarr air a' chloinn smaoinichadh air caractaran/beathaichean eile ris am b' urrainn dhan chaora dhubh coinneachadh. Ciamar a tha iadsan a' gluasad?
Iarr air aon duine-cloinne a dhol air thoiseach. Feumaidh càch a leantainn air chuairt shònraichte. Ma tha e no i a' leum thairis air dìg no a' crùbadh sìos tro tholl ann am feansa feumaidh an fheadhainn eile san t-sreath a dhèanamh cuideachd anns an aon àite.

Prògram 3. An sneachda

An Rann

An Sneachda

Tha an sneachda a' tuiteam,
A' tuiteam, a' tuiteam;
Tha an sneachda a' tuiteam,
Gu sàmhach a-nuas.

Nach sinne bhios sona
Nuair gheibh sinn an cothrom
Bhith dèanamh bhall-sneachda
'S gan tilgeil mun cuairt,
A' carachd 's a' sabaid,
Ag èigheachd le caithream –
Ged thigeadh a' ghailleann
Chan fhairich sinn fuachd.

Ni sinn bodach air sneachda
Bheir gàir' ort ri fhaicinn –
Bidh seann ad mo sheanar
A' còmhdach a ghruaig;
Agus dà chaoran mhòna
An sùilean an t-seòid ud,
Bidh speuclairean air sròin
Is fàinn' òir na chluais;
Na bheul bidh piob-cheòthaidh,
Bidh bata na dhòrn aig'
Agus feusag de chlàimh air
Cho dubh ris a' ghual.

An sgeulachd

Bidh aig a' chloinn ri smaoinneachadh air na ceithir ràithean agus bidh iad a' toirt a chreidsinn gur e bodaich shneachda a th' annta.

Cainnt nan Gluasadan

- suidh sìos agus èist ris an rann
- tha thu a' dol a choiseachd mun cuairt an t-seòmair
- bidh sinn air chrith leis an fhuachd, 's bidh sinn a' cur ar gàirdeanan timcheall òirnn fhìn
- bidh sinn a' sèideadh air ar làmhan
- coisich mas fhìor gu bheil thu uabhasach fuar
- seas far a bheil thu
- coisich timcheall an t-seòmair mas fhìor gu bheil dragh ort gum bi an t-uisge ann
- bidh sinn a' faireachdainn slaodach agus bidh sinn a' suathadh ar malaidhean
- tha sinn a' dol a choiseachd mun cuairt an t-seòmair mar gum biodh e uabhasach fhèin teth
- ceumannan socair slaodach
- a' coimhead timcheall agus a' togail do làmhan suas an-dràsta 's a-rithist airson a' ghrian a chumail bho do shùilean
- coisich timcheall an t-seòmair mar gum biodh a' ghaoth gad shèideadh bho thaobh gu taobh
- suidh sìos ann am beàrn leat fhèin
- seas an-àird
- ruith 's leum mun cuairt agus stad an-dràsta 's a-rithist airson bàla sneachda a dhèanamh 's a thilgeil
- suidh sìos agus leig d' anail
- thoir a chreidsinn gu bheil thu a' leaghadh mar bhodach sneachd – sìos, sìos, sìos chun an làir

Obair Leudachaidh

An do rinn duine dhen chloinn bodach sneachda a-riamh? Ciamar a sheallas tu an obair ann an gluasadan – a' roiligeadh bàla mòr, a' cur nam bàla air muin a chèile, a' cur nan sùilean agus rudan eile air a' bhodach. An urrainn dhaibh an obair a dhèanamh ann an sgiobaidhean?

Tha an Nollaig againn anns a' gheamhradh. Dè na làithean sònraichte agus na làithean-saora eile a th' ann tron bhliadhna? Dè na ràithean anns am bi iad againn? An urrainn dhan chloinn iad sin a shealltainn ann an gluasadan.

Dè na dathan a tha freagarrach airson gach tè de na ràithean? Roinn pìos pàipeir ann an ceithir agus dèan dealbh, a' cleachdadh nan dathan sònraichte, airson gach ràith.

Prògram 4. Air an Luing Èireannaich

An Rann

Air an Luing Èireannaich
Ò, cò bheir mi leam
Air an luing Èireannaich?
Ò, cò bheir mi leam?

Leis an fhidhill, leis an tromb,
Air an luing Èireannaich –
Ò, cò bheir mi leam?

Gur i Anna bheir mi leam,
Caileag cho bòidheach 's a th' ann,
Air an luing Èireannaich.

'S aithne dhomh cò thèid na ceann
Air an luing Èireannaich –
Dòmhnall Bàn a thèid na dheann
Leis an luing Èireannaich.

'S mòr am beud ma tha e ann –
B' fheàrr dha fuireach anns a' ghleann,
Colainn bheag is cridhe fann,
Ceann mòr is casan cam,
Air an luing Èireannaich.

Cuiridh sinn e anns a' mhuir
Bheir e plub is èirigh e!
Ò, cò bheir mi leam?

An Stòiridh

Bidh a' chlann nam maraichean air *long* agus a' leantainn òrduighean a' chaitpein. Agus bidh aca ri èigheachd "Aidh aidh a Chaitpein!"

Cainnt nan Gluasadan

- Tha mi airson gum bi thu nad shuidhe ann am beàrn leat fhèin
- Dèan beagan dannsa. Nuair a thòisicheas an ceòl tòisich thusa a' dannsa
- Sguir a dhannsa agus suidh sìos ann am beàrn a-rithist
- Theirig sìos air do ghlùinean 's leig ort gu bheil thu a' glanadh an làir le bruis
- Suidh gu dòigheil a-rithist
- Dùin aon sùil, cuir do phrosbaig ris an t-sùil eile agus faic a bheil bàta eile a' tighinn
- Leig ort gu bheil thu a' streap suas ròpa

Gèam

- 1. air do ghlùinean – glan an deic, 2. prosbaig ri do shùil, 3. suas na ròpan – leig ort gu bheil thu a' streap – cùm grèim teann!
- èirich suas air do shocair

Obair Leudachaidh

Tha fìdheall agus tromb aca air an luing Èireannaich. Ciamar a bhios tu gan cluiche? Dè mu dheidhinn ionnstramaidean eile? Dè na gluasadan a bhios daoine a' cleachdadh airson an cluiche?

Càite bheil an long Èireannach a' dol, saoil? An e àite grianach a th' ann le mòran chraobhan agus tràigh bhrèagha, no àite fuar le sneachd agus deigh? Ciamar a bhios na seòladairean a' gluasad nuair a ruigeas iad?

Faigh a-mach mu dheidhinn nan diofar bhàtaichean eile a bhios a-muigh air a' chuan. Carson a tha iad ann? Cò bhios a' falbh orra? Dè na bàtaichean air an robh sibh fhèin? Dèan dealbh dhen bhàta a b' fheàrr leat a bhith agad.

Prògram 5. Tunnag Bhàn Mòir

An Rann

Tunnag bhàn Mòir

Tunnag bhàn Mòir, Na gurraban, na gurraban:

Tunnag bhàn Mòir, Is duilich leam gu bheil i tinn.

Ciamar a gheibh sinn biadh dhi, 'S a slugan air a theannachadh?

An cuir sinn ann an cliabh i, Gus an tig an Dotair Bàn?

An cuir sinn ann an cliabh i, Na gurraban, na gurraban?

An cuir sinn ann an cliabh i, Gus an tig an Dotair Bàn?

An cuir sinn boiteagan ri gob, Mus fannaich i, mus fannaich i?

An cuir sinn boiteagan ri gob, Gus an tig an Dotair Bàn.

Is duilich leam nach eil i slàn, 'S i ràcail 's a' gurraban,

Is duilich leam nach eil i slàn – Cuin a thig an Dotair Bàn?

An stòiridh

Bidh a' chlann a' cluich nan caractaran gu lèir anns an rann: an tunnag, an Dotair Bàn agus na boiteagan.

Cainnt nan Gluasadan

- An dèan thu gob tunnaig le do làimh?
- Cuir do ghob suas ri do shròin agus coisich mun cuairt le ceumanna beaga
- Nuair a choinnicheas tu ri tunnag eile, can mhàg mhàg rithe
- Faigh àite dhut fhèin, lùb do ghlùinean agus crùb sìos, ach fàg do chasan air an làr. Tha thu nad ghurraban
- Sìn sìos gu socair air an làr - sìos, sìos, sìos gus am bi thu nad laighe air do mhionach le do ghàirdeanan air do bheulaibh
- Èirich agus gluais suas tron toll agad suas tron ùir, gus an tig do cheann a-mach air an uachdar.
- Seas an-àird air do chorra-biod, a' seasamh cho àrd 's is urrainn dhut
- Smèid ri na boiteagan eile – crath do làmh riutha
- Seas agus tràibh mar an Dotair Bàn. Cùm grèim air a' chuibhle-stiùiridh
- Bi faiceallach air an rathad. Ma thig càr eile faisg ort, sèid air an dùdach
- A' coimhead a-mach air an toll. Suas cho àrd 's is urrainn dhut, air do chorra-biod. Seall mun cuairt.
- Air ais sìos dhan toll agad – sìos, sìos gu socair dhan toll

Obair Leudachaidh

Dè na beathaichean eile a nì a' chlann lem bodhaigean? Co ris a tha aibhean, crùbag, nathair, muncaidh agus beathaichean eile coltach? Ciamar a bhios iad a' gluasad?

Mar an tunnag tha beathaichean le casan agus, mar na boiteagan, tha feadhainn às an aonais. Dèan clàr dhiubh.

Bha an Dotair Bàn a' falbh ann an càr. Co mheud dòigh-siubhail eile air an smaoinich a' chlann? An urrainn dhaibh gluasadan a dhèanamh air an son? Ma nì iad na gluasadan nan aonar no ann an sgioba, an urrainn dhan chloinn eile tomhais dè an dòigh-siubhail a th' aca?

Prògram 6. Gog ì, Gog à

An Rann

Gog ì, Gog à
Gog ì, gog à, càit an dèan mi nead?
Ma nì mi anns a' ghàrradh i,
Cha bhi fois no tàmh agam:
Ma nì mi anns a' chraoibh i,
Luaisgear leis a' ghaoith i:
Ma nì mi anns a' bhàthaich i,
Seasaidh a' bhò bhlàrach oirr';
Ma nì mi an tom rainich i,
Thig an fheannag ghreannach oirr'-
Gog ì, gog à, càit an dèan mi nead?
Nì mi sa chruaich fheòir i,
Is bheir mi mach na h-eòin innt'!

An Stòiridh

Tha cearc a' coiseachd mun cuairt agus bidh a' chlann ga cluiche 's i a' lorg àite airson nead. Bidh iad a' cluich nan rudan beò eile cuideachd: a' chraobh, an crodh agus an fheannag.

Cainnt nan Gluasadan

- Ma lùbas tu do ghàirdeanan a-steach bidh sgiathan beaga agad
- Coisich agus tog do chasan suas gu math
- Feumaidh tu a' chearc a tha air thoiseach ort a leantainn
- Theirig nad ghurraban. Crùb sìos, sìos. Sìos leat, faisg air an làr
- Fàs suas na do chraoibh mhòr bhrèagha
- Gu socair sin do làmhnan suas, suas agus a-mach mar gheugan air craobh
- Bidh na craobhan eile a' lùbadh agus a' crathadh anns a' ghaoith
- Tha na cearcan a' dol a-steach tro tholl
- Feumaidh tu cromadh sìos tron toll air do shlighe a-steach dhan bhàthaich
- Nì sinn bò còmhlà.
- Dèan adharcan le do chorrigan
- Dèan earball le aon làimh
- Bidh an crodh a' coiseachd mun cuairt...gu math slaodach
- Cuir thusa do ghàirdeanan a-mach air gach taobh – aon sgiath, dà sgiath. Sin a-mach do ghàirdeanan
- Feuch nach buail thu anns na h-eòin eile
- Faodaidh tu sìneadh sìos air an làr a-nis.

Obair Leudachaidh

Dè na beathaichean eile a chì a' chlann air croit no air tuathanas? Ciamar a tha iadsan a' gluasad?
Dè na fuaimean a bhios iad a' dèanamh?

Carson a tha na beathaichean sin ann? Dè na rudan a bhios a' chlann ag ithe agus a' cur gu feum a h-uile latha a tha a' tighinn bho thuathanasan? Dèan clàr dhiubh.

Rinn a' chlann bò le companach. Dè na beathaichean eile as urrainn dhaibh a dhèanamh còmhlà ri companach? Dè na beathaichean as urrainn dhaibh a dhèanamh ann am buidhnean nas motha?

Prògram 7. Aon, dhà, trì

An Rann
Aon, dhà, trì
Aon, dhà, trì,
An cat, an cù 's mi fhìn
A' ruith 's a' leum air feadh a' ghàrraidh
Gus am fàs sinn sgìth.

Ceithir, còig, sia,
Uisg' no gaoth no fèath,
Togaidh sinne bothan beag
Le clachan agus crèadh.

Seachd, ochd, naoi,
Gheibh mi slat is sreang
'S thèid sinn a dh'iasgach dhan an abhainn
Gus an tig an oidhch'.

Deich 's a h-aon deug –
Chan e facal brèig
Gun do chunnt mi fichead starrag
'S iad nan suidh' air geug.

An Stòiridh

Bidh a' chlann ag obair air cunntadh leis an rann seo agus a' gluasad leis a' chat agus leis a' chù.
Bidh a' chlann ag aithris nan loidhnichean anns an rann còmhla ris a' chloinn anns a' phrògram.

Cainnt nan Gluasadan

- Dèan cinnteach gu bheil thu nad shuidhe ann am beàrn
- Smèid ris a' chat 's ris a' chù. Cleachd do dhà làimh
- Tha thu a' dol a chunntadh le do chorragan
- Seas gu faiceallach...tha thu a' dol a ruith 's a leum timcheall an rùm
- Bi faiceallach nach buail thu ann an duine eile
- Cùm do cheann suas agus seall far a bheil thu a' dol
- Nuair a stadas an ceòl stad fhèin cho luath 's a ghabhas
- Tha thu a-nis a' dol a chunntadh ceithir, còig sia le do chorragan
- Tòisich nad chrùban agus an uair sin seas suas air do shocair. Tha thu a' dol a thogail bothan le bhith a' cur aon làimh os cionn làimh eile gus am bi thu nad sheasamh air do chorra-biod, cho àrd 's a ghabhas
- Tog do bhothan, ruig an àirde, suas, suas, suas leat
- Suidh ann am beàrn a-rithist
- Cunntadh a-rithist: seall do chorragan dhomh
- Seas agus seall dhomh do shlat iasgaich. Tha thu a' dol a thilgeil a-mach an loidhne le do dhà làimh cho fada 's a ghabhas agus a' dol a tharraing an èisg a-steach le bhith a' cur car de rothadair nan slat
- Siuthad – tha e trom – slaod e
- Suidh sìos ann am beàrn a-rithist....cunntadh
- Suidh an-àirde
- Coimhead mun cuairt ort, suas agus sìos mar starrag. Na gluais ach do cheann
- Seas an-àirde air do shocair...ruith agus leum a-rithist.
- N.B. Tha an neach-aithris a' ruith thairis air a h-uile ceathramh dhen rann a-rithist....

Obair Leudachaidh

Ciamar a bhios cat no cù a' gluasad? A bheil iad eadar-dhealaichte? Dè bhios cat a' dèanamh nach bi cù a' dèanamh? Dè bhios cù a' dèanamh nach bi cat a' dèanamh?

Dè an seòrsa togalaichean eile air a bheil a' chlann eòlach? Co ris a tha iad coltach? An urrainn dhaibh cumaidhean nan togalaichean sin – eaglais, taigh sneachd, teant, skyscraper – a dhèanamh còmhla le bodhaigean?

A bheil eòin timcheall air an sgoil an-dràsta? A bheil a' chlann eòlach air na diofar sheòrsaichean eòin? A bheil iad furasta an cunntadh?

Prògram 8. Annabella

An Rann

Annabella

Annabella bheag NicAsgaill,

Fhuair i lorg air biast de bhratag;

An toiseach, suas cas chli a màthar,

An uair sin, sìos air druim a bràthar;

Mu dheireadh, dh'èigh a h-uile duine,

Dearg is purpaidh, ann an iomairt:

“Annabella bheag NicAsgaill,

Mach à seo leis a' bhrataig!”

An Stòiridh

Tha aig a' chlann ri toirt a chreidsinn gu bheil bratag aca fhèin agus gu bheil i a' falbh air feadh am bodhaigean.

Cainnt nan Gluasadan

- Dèan cinnteach gu bheil thu nad shuidhe ann am beàrn
- Cuir a-mach do làmhan. Tha a' bhratag nad làimh
- Beir oirre leis an làimh eile mus tuit i
- Stad agus seas an-àirde far a bheil thu
- Seall do chas chli dhan tidsear
- Crath do chas chli airson feuchainn ris a' bhrataig a chrathadh dhith
- Seall do chas dheas dhan tidsear
- Crath do chas dheas airson feuchainn ris a' bhrataig a chrathadh dhith
- Seall do ghàirdean cli dhan tidsear
- Crath do ghàirdean cli airson feuchainn ris a' bhrataig a chrathadh dheth
- Seall do ghàirdean deas dhan tidsear
- Crath do ghàirdean deas airson feuchainn ris a' bhrataig a chrathadh dheth
- Fuirich far a bheil thu, ach crath do dhruim agus tachais e
- Crath do chorp gu lèir

Obair Leudachaidh

Ciamar a nì a' chlann gluasadan na brataig fhèin? A bheil e nas fhasa dhaibh an dèanamh leotha fhèin no ann an buidhnean beaga?

An urrainn dhaibh, mar chlas slàn, 'biast de bhrataig' a dhèanamh? Ciamar a bhios i a' tionndadh gu bhith na dealan-dè?

Co ris a tha dealan-dè coltach? Dè na dathan a dh'fhaodadh a bhith air? Dèan dealbh dheth. Dè na seòrsaichean air a bheil a' chlann eòlach? A bheil iad eòlach air ainmean nam bratagan agus nan dealan-dè a th' againn ann an Alba?

Prògram 9. An Taigh a Thogadh le Seoc

An Rann

An Taigh a Thogadh le Seoc

Seo an taigh bòidheach a thogadh le Seoc.

Seo an taigh bòidheach, bòidheach, bòidheach,

Seo an taigh bòidheach a thogadh le Seoc.

Seo agad poca leis an t-sìol-choirce

Bha san taigh bhòidheach a thogadh le Seoc.

Seo agaibh radan cho binneach 's cho gobach

A tholl am poca 's a ghoid an sìol-coirce

A bha san taigh bhòidheach a thogadh le Seoc.

Seo an cat ruadh dam b' ainm MacSuain

A mharbh an radan cho binneach 's cho gobach

A tholl am poca 's a ghoid an sìol-coirce

A bha san taigh bhòidheach a thogadh le Seoc.

Seo Ceann-clò, cù donn lain Mhòir

A sgiùrs an cat ruadh dam b' ainm MacSuain

A mharbh an radan cho binneach 's cho gobach

A tholl am poca 's a ghoid an sìol-coirce

A bha san taigh bhòidheach a thogadh le Seoc.

]

Seo bò bhàn nan adharcan cama

A ruaig Ceann-clò, cù donn lain Mhòir

A sgiùrs an cat ruadh dam b' ainm MacSuain

A mharbh an radan cho binneach 's cho gobach

A tholl am poca 's a ghoid an sìol-coirce

A bha san taigh bhòidheach a thogadh le Seoc.

An Stòiridh

Tha a' chlann a' faighinn cothrom na caractaran gu lèir seo a chluiche.

Cainnt nan Glusadan

- Cuir do làmhan suas dhan adhar, cho àrd 's a ghabhas. Ruig suas gu mullach an taighe...air do chorra-biod
- Fuirich nad sheasamh, làmhan ri do thaobh
- Ruith mun cuairt agus cuimhnich gun tog thu do ghluinean nuair a tha thu a' dol suas an staidhre
- Le do làimh cheart, slìob an cat ruadh air do shocair
- Ruith air feadh an rùm a' comhartaich....a' sgiùrsadh a' chait
- Suidh agus èist ris an ath phàirt den rann
- Cùm do làmhan ri do cheann, mar gum biodh adharcan cam ort.
- Ruaig cù donn lain Mhòir – (ruith) às a dhèidh...
- Suidh agus cluinnidh tu an rann air fad a-rithist

Obair Leudachaidh

Iarr air a' chloinn dealbh-chluich bheag a dhèanamh – a' cur còmhla a h-uile rud a rinn iad nuair a bha iad ag èisteachd ris a' phrògram. Dh'fhaodadh feadhainn a bhith ag aithris an rann agus feadhainn a bhith a' dèanamh nan glusadan.

Mar chlas dèanamh rann ùr – stèidhte air pàtran Taigh Sheoc. Tha rannan Beurla, leithid "a' chailleach a shluig a' chuileag" a ghabhadh eadar-theangachadh son eisimpleirean eile a thoirt dhaibh.

Dh'fhaodadh a' chlann leabhar a dhèanamh dhen rann anns a' phrògram no leabhar leis an rann ùr airson a leughadh do chlann a tha nas òige.

Prògram 10. Ron Dìle

An Rann

Ron Dìle

Triùir bhràithrean a' slacadaich le ùird

Aig peilear am beatha:

Sem, Ham agus làphet,

Balaich Nòah.

Togail bàta fiodh a tha iad,

'S tha cabhaig mhòr orra,

Na speuran dubh os an cionn

'S uisge mìn air tòiseachadh.

Bragail 's mac-talla nan òrd

A' lìonadh na coille mun cuairt

Far a bheil na beathaichean

Dithis is dithis,

Le sùilean mòra,

A' feitheamh ann an ciubha.

Nighean balach

Nighean balach

Nighean balach

Nighean balach

An stòiridh

Tha an rann seo steidhte air stòiridh às a' Bhioball agus bidh a' chlann a' togail bàta còmhla ri balaich Nòah.

Cainnt nan Gluasadan

- Bidh tusa agus do charaidean nur suidhe ann an cearcall
- Faigh companach agus faigh beàrn dhan dithis agaibh air an làr
- Togaibh pìos mòr fiodha eadar an dithis agaibh. Lùbaibh ur glùinean agus togaibh am pìos mòr fiodha
- Coisichibh leis gu beàrn eile air an làr agus leigibh às e le brag
- Feuch an tog thu e (am poca thàirnean). Cuir do ghàirdeanan timcheall air
- Feumaidh tu tarrag a thoirt a-mach às a' phoca. Cùm aon ghàirdean gu math teann timcheall air (am poca) agus tog tarrag eadar do chorrage 's d' òrdag. Cùm grèim orra.
- Crom sìos agus tog e (an t-òrd) le do dhà làimh. Cumaidh an neach leis na tàirnean tarrag suas agus buailidh an neach eile an tarrag leis an òrd.
- Buail an tarrag leis an òrd
- Cuir sìos d' òrd
- Cuir sìos do thàirnean
- Suidh sìos
- Tog am poca agus tog tarrag a-mach
- Tog suas e (an t-òrd)
- Leig sìos an t-òrd agus na tàirnean
- Roilig air aon taobh
- Thoir do chasan suas ri do smiogaid
- Theirig air do ghluinean agus seas suas gu slaodach

Obair Leudachaidh

Leugh an sgeulachd anns a' Bhioball dhan chloinn. Cò na daoine eile a bh' air àirc Nòah. Dè thachair an dèidh dhaibh a dhol air an àirc? Dh'fhaodadh a' chlann dealbh-balla (mural) a dhèanamh dhen stòiridh.

Iarr air a' chloinn cairtean a cruthachadh le paidhrichean de bheathaichean – dà leòmhan, dà each etc. Faodaidh iad na cairtean gu lèir a chur sìos air an làr agus an gèam a chluich far nach urrainn dhaibh ach dà chairt a thogail aig aon àm. Feumaidh iad na paidhrichean uile fhaighinn.

Gheibh a' chlann uile ainm beathaich air an druim. Gun a bhith ag ainmeachadh nam beathaichean feumaidh a' chlann fiosrachadh a thoirt dha chèile airson gun obraich a h-uile duine a-mach dè am beathach a th' aca. Dh'fhaodadh tu fheuchainn le gluasadan cuideachd – gun duine a bhith ag ràdh facal.